



## Manaidsear - Tuairisgeul Obrach

<b>TIOTAL-OBACH</b>	Manaidsear
<b>ROINN</b>	Fàs Mòr
<b>AN URRA RI</b>	Bòrd Stiùiridh Fàs Mòr
<b>UALLACH AIRSON</b>	Luchd-obrach Fàs Mòr
<b>SGÈILE THUARASTAIL</b>	£ ri aontachadh
<b>PRÌOMH ÀITE-OBACH</b>	Fàs Mòr, Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

### PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

Airson raon de dh'iomairtean chloinne is cùraim-chloinne Gàidhlig aig ìre àrd a leasachadh is a stiùireadh ann an àrainneachd a tha an dà chuid sàbhailte is brosnachail, cuideachd, a' gabhail cùraim gu lèir os làimh do chloinn, luchd-obrach is goireasan ri linn Riaghailt Obrachaidh SSSC (faic gu h-ìosal).

### PRÌOMH UALLAICHEAN

#### Stiùireadh

- An luchd-obrach a stiùireadh, a mhisneachadh agus a bhrosnachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coileanadh an dleastanasan a rèir poileasaidhean is modhan-obrach Fàs Mòr.
- Poileasaidhean is modhan-obrach a sgrìobhadh, ùrachadh agus atharrachadh an co-bhonn leis a' bhòrd, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' togail air na dòighean-obrach as fheàrr.
- Co-obrachadh le Care Inspectorate agus buidhnean riaghlaidh iomchaidh eile airson molaidhean sam bith a chur an gnìomh agus fiosrachadh a thoirt dhaibh air tachartasan cudromach.
- Dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh as ùire agad a thaobh laghan, riaghailtean agus mholaidhean co-cheangailte ri dìon-chloinne, slàinte is sàbhailteachd, measaidhean buaidh, teine m.s.a.a.
- Siostaman agus modhan-obrach deagh-ghnè a stiùireadh (m.e. fèin-mheasaidhean an ionaid).
- Smachd a chumail air goireasan agus uidheamachd san ionad agus dèiligeadh ri gnothaichean glèidhidh.
- Uallach a ghabhail airson trusadh agus inntigidh luchd-obrach, an co-bhonn ris a' Bhòrd.
- Feumalachdan trèanaidh agus leasachaidh an luchd-obrach aithneachadh agus a chur air dòigh (a' gabhail a-staigh taic le obair a dh'ionnsaigh theisteanasan).
- Measaidhean luchd-obrach a chumail gach bliadhna.
- Coinneamhan taic is stiùiridh a chumail reusanta bitheanta leis an luchd-obrach air fad.
- Dèiligeadh ri gearanan luchd-obrach a rèir a' phoileasaidh.
- Uallach a ghabhail airson dleastanasan rianachd is clèireachd co-cheangailte ri stiùireadh an ionaid, a' cumail chlàraidhean iomchaidh co-cheangailte ri luchd-frithealaidh an ionaid; a' cumail smachd air goireasan, ag ullachadh clàran-ama luchd-obrach agus ag ùrachadh liostaichean stuthan.
- Uallach airson fhàirdealan, cìsean fhaighinn agus a chlàradh, gan toirt dhan bhanca agus smachd a chumail air buidseat *petty cash*.
- Obrachadh le Care Commission ri linn sgrùdaidhean bliadhnail.



## Manaidsear - Tuairisgeul Obrach

- Obair phàipeir sam bith a choileanadh m.e. fèin-mheasaidhean bhliadhnail.

### Cùram-chloinne is Leasachadh

- Prògram de thachartasan is geamaichean a phlanadh agus a libhrigeadh a tha stèidhichte air a' chloinn agus a tha feumail don chloinn nam fèin-leasachadh.
- Seòrsaichean de thachartasan àrdachadh, a' togail air rudan a th' ann a-cheana m.e. Club Karate agus Buidheann Sgoile, a rèir iartais.
- Taic a thoirt dhan Bhòrd le togail airgid, iartasan maoinachaidh a lionadh agus planadh ro-innleachdail.
- Àireamhan frithealaidh an ionaid àrdachadh agus margaideachd iomchaidh a chur an gnìomh.
- Dèanamh cinnteach gu bheil clàran-fiosrachaidh agus clàran-leasachaidh na cloinne air an ùrachadh mar bu chòir.
- Tachartasan gus airgead a thogail a fhrithealadh.
- Obrachadh a dh'ionnsaigh SVQ 4 Leasachadh Cùraim-chloinne (no teisteanas nas àirde) mura h-eil seo agad a-cheana.

### Conaltradh

- Conaltradh bitheanta le Cathraiche is buill a' Bhùird.
- Dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh èifeachdach a' tachairt le luchd-obrach, pàrantan, is luchd-cleachdaidh is luchd-taic eile tro thachartasan, cuairt-litrichean is eile.
- Dèiligeadh ri gearanan bho phàrantan a rèir a' phoileasaidh.
- Ceanglaichean èifeachdach a neartachadh leis a' choimhearsnachd, a' bhun-sgoil, an sgoil-àraich, an neach-slàinte agus buidhnean iomchaidh eile.
- An làrach-lìn a ghèidheadh agus na bùird-sanais ùrachadh le fiosrachadh/teisteanasan iomchaidh.
- Coinneamhan a' Bhùird gach mìos – bithear a' sùileachadh aithisg bhon Mhanaidsear.

### Dleastanasan eile

'S e seo tuairisgeul air an obair mar a tha i. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm airson dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus airson atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus a' mhanaidsear aca agus, mar sin, thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhradhean seo. Tha Fàs Mòr ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh le gach neach, ach far nach gabh seo a dhèanamh, tha còirichean aig Fàs Mòr atharrachaidhean reusanta a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

An t-Samhain 2017



## Manaidsear - Tuairisgeul Obrach

### Fiosrachadh Eile Cudromach:

- Bithear ag obair 40 uair san t-seachdain
- 'S e ionad Gàidhlig a th' ann am Fàs Mòr agus thathar an dùil gum bi luchd-obrach a' cleachdadh Gàidhlig mar an cànan làitheil.
- Gheibhear 35 saor-làithean sa bhliadhna (a' ruith eadar 1 Faoilleach – 31 Dùbhlachd) a' gabhail a-staigh mu 10 latha aig àm na Nollaige agus Saor-làithean Poblach.
- Ann a bhith a' cuideachadh luchd-obrach le an cuid leasachaidh phearsanta, chomasan obrach agus fheumalachdan trèanaidh, gheibhear measadh-obrach gach bliadhna le ur Manaidsear (Cathraiche a' Bhùird).
- Feumar seiseanan trèanaidh riatanach a fhrithealadh agus coinneamhan mar a bhios iomchaidh. Gheibhear fiosrachadh ron àm.
- Mus tèid ur fastadh feumar a dhol tro sgrùdadh *Disclosure Scotland*
- Ma thèid ur fastadh feumar clàradh le *Scottish Social Services Council (SSSC)*. Barrachd fiosrachaidh aig [www.sssc.uk.com](http://www.sssc.uk.com)

### Iarrtasan gu:

Roinn Sgiobachd  
Sabhal Mòr Ostaig  
An Teanga  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV44 8QR  
No air post-d gu: [obair@smo.uhi.ac.uk](mailto:obair@smo.uhi.ac.uk)

**Ceann-là airson iarrtasan:** 17 an t-Samhain 2017